

5 Màrt 2024

A phàrant/neach-cùraim chòir

San Dùbhlachd 2023, thadhail buidheann luchd-sgrùdaidh bho Fhoghlam Alba air Bun-sgoil Dhùn Bheagain agus Sgoil-àraich. Rè an tadhail againn, bhruidhinn sinn ri pàrantan/luchd-cùraim agus ri clann, agus dh'obraich sinn gu dlùth leis a' cheannard agus luchd-obrach.

Fhuair an sgioba-sgrùdaidh na neartan a leanas ann an obair na sgoile is na sgoil-àraich. Tha iad seo a' buntainn ri Foghlam Beurla agus Meadhan na Gàidhlig mura a bheilear ag ainmeachadh a chaochladh.

- Tha lèirsinn shoilleir aig a' cheannard ann a bhith a' stiùireadh luchd-obrach gus am bi fòcas fada nas gèire aca air dè tha ag obair gu math ann an àitichean ionnsachaidh agus dè dh'fheumar a leasachadh. Tha an taic a bharrachd a tha an ceannard a' cur ann a' tòiseachadh air piseach a thoirt air adhartas na cloinne anns an cuid ionnsachaidh.
- Tha a' chlann is luchd-obrach coibhneil agus a' gabhail cùraim dhe càch a chèile. Tha iad a' brosnachadh còmhlas mar rudeigin cudromach a thaobh cur ris an sgoil agus ris a' choimhearsnachd.
- Tha raon de chom-pàirtichean, a' choimhearsnachd agus saor-thoilich ag obair gu math le luchd-obrach uile gus ionnsachadh chloinne a mheudachadh. Tha a' chlann a' leasachadh sgilean agus eòlas air an sgìre ionadail is air an eilean aca. Tha an obair aca air so-sheasmhachd a' dèanamh cinnteach gu bheil clann for-ghnìomhach ann a bhith a' gabhail cùraim den eilean is sgìre dhachaigheil aca.

Chaidh na raointean airson leasachadh a leanas a chomharrachadh, agus thathar air beachdachadh orra leis a' cheannard agus le riochdaire bho Chomhairle na Gàidhealtachd.

- Bu chòir don cheannard agus luchd-obrach cumail orra adhartas chloinne a luathachadh ann an leughadh agus sgrìobhadh ann am Beurla, agus ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig. Bu chòir dhaibh na dòighean-obrach nas èifeachdaiche a thaobh làn-bhogaidh, a chaidh a thoirt a-steach o chionn ghoirid, fhisge a-steach air stèidh mhaireannach.
- Bu chòir don cheannard is luchd-obrach dèanamh cinnteach gu bheil a' chlann a' faighinn ionnsachadh is teagasg de shàr-chàileachd taobh a-staigh na h-àrainneachd altraim a chruthaich an luchd-obrach. Bu chòir gu bheil seo stèidhichte air raon de mheasaidhean, barrachd cleachdadh teicneòlais agus cleachdadh leantainneach de chomhairle nàiseanta, leithid 'Comhairle mu Fhoghlam Gàidhlig'. Bu chòir gum faigh luchd-teagaisg fios gu cunbhalach gus an cuideachadh le bhith a' toirt taic do chlann gus an làn chomas aca a ruigsinn.
- Bu chòir don cheannard is luchd-obrach ionnsachadh chloinne a mheudachadh thar farsaingeachd a' churraicealaim, a' gabhail a-steach coileanaidhean. Bu chòir don luchd-teagaisg cumail orra a' com-pàirteachadh ann am planadh meadhan-ùine agus fad-ùine a

bhios a' comasachadh ionnsachadh nas dùbhланаiche airson na cloinne agus, dhaibhsan a tha ann am Foghlam Meadhan Beurla, a' leudachadh Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh).

Thionail sinn fianais gus ar comasachadh luachadh a dhèanamh air obair na sgoile le bhith a' cleachdadh [Dè cho math 's a tha an sgoil againn? \(4mh eagra\)](#) agus [Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus ar cùram-chloinne?](#) Tha taisbeanairean càileachd a' cuideachadh sgoiltean, ùghdarrasan ionadail agus luchd-sgrùdaidh gus breithneachadh air dè tha ag obair gu math agus dè dh'fheumar leasachadh. An dèidh sgrùdadh gach sgoile, bidh Riaghaltas na h-Alba a' cruinneachadh fiosrachadh air na luachaidhean againn gus cunntas a chumail air dè cho math 's a tha sgoiltean na h-Alba a' dèanamh.

Seo luachaidhean Foghlaim Alba air Bun-sgoil Dhùn Bheagain agus Sgoil-àraich

Taisbeanairean càileachd airson na bun-sgoile	Luachadh
Ionnsachadh, teagasg is measadh	riarachail
Ag àrdachadh buileachadh agus coileanadh	lag
Gheibhear tuairisgeulan air na luachaidhean bho: Dè cho math 's a tha an sgoile againn? (4mh eagra) Pàipear-taice 1: An sgèile sia-puingean	

Taisbeanairean càileachd airson na sgoil-àraich	Luachadh
Ionnsachadh, teagasg is measadh	riarachail
A' daingneachadh adhartas na cloinne	riarachail
Gheibhear tuairisgeulan air na luachaidhean bho: Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus ar cùram-chloinne? Pàipear taice 1: An sgèile sia-puingean	

Tha sgrìobhainn nas mionaidiche, ris an canar Geàrr-chunntas air Toraidhean an Sgrùdaidh (SIF), air an làrach-lìn aig Foghlam Alba aig:

[Details](#) | [Find an inspection report](#) | [Find an inspection report](#) | [Inspection and Review](#) | [Education Scotland](#)

Dè thachras a-nis?

A' leantainn air toraidhean an sgrùdaidh againn, tha sinn den bheachd gu bheil an sgoil feumach air taic a bharrachd agus barrachd ùine gus na leasachaidhean a tha a dhìth a dhèanamh. Bidh sinn a' conaltradh ri Comhairle na Gàidhealtachd a thaobh comas na sgoile a dhol am feabhas. Tillidh sinn gus sgrùdadh a bharrachd a dhèanamh air an sgoil taobh a-staigh aon bhliadhna bho fhoillseachadh na litreach seo. Bidh sinn a' dèanamh còmhradh ri Comhairle na Gàidhealtachd air na tha an lùib an sgrùdaidh seo. Nuair a thilleas sinn gus sgrùdadh a dhèanamh air an sgoil, sgrìobhaidh sinn thugaibh mar phàrantan/luchd-cùraim gus fios a chur thugaibh air an adhartas a rinn an sgoil.

Joan C. Esson
Neach-sgrùdaidh an Rìgh